

Gairm gu Ùrnaigh, Latha na Sàbaid, 28mh dhen Mhàrt Ùrnaigh aig 7f

Tha sinn a-nis aig tòiseach turas Ìosa a-chum Ierusalem agus a' chrainn-cheusaidh, a' siubhal maille ris an fheadhainn a chaidh romhainn air an t-slighe. B' e am "mor-shluagh" an latha sin an fheadhainn a thàinig còmhla airson Fèill na Caisge ann an Ierusalem . Thàinig iad gus taing a thoirt do Dhia, a' cuimhneachadh air a ghràs dhaibh. Aig tòiseach na Fèille, bhiodh iad a' seinn:

*O molaibh Dia, oir tha e math,
sìor mhairidh thròcair Dhè*

agus:

*O fosglaibh domh gu farsaing rèidh
geatan an ionracais:
Is racham orrasan a-steach;
Ihòbhah molaidh mis'.*

(Salm 118: 1, 19)

Ann an Soisgeul Eòin, chì sinn Ìosa a' tighinn a dh'Ierusalem agus an sluagh a' cur fàilte air mar neach "a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna", ag èigheach "Hosanna!" agus le geugan pailme. (Eòin 12: 12 - 16). Aig ceann na seachdainne bhiodh iad ag èigheach "Air falbh leis, ceus e!" seach "Hosanna!", agus bhiodh crann-ceusaidh ann seach geugan pailme, ach tha dòchas againn fhathast, oir "sìor mhairidh thròcair Dhè."

An-diugh, air Sàbaid na Tùrnais, air stairsneach àm ùrachaidh, tha sluagh Dhè gu lèir a' tighinn còmhla gus taing a thoirt dhan Tighearna airson a ghràidh a mhaireas agus a chuir an ruaig air a' bhàs fhèin.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, sìor mhairidh do thròcair,
Èist rinn agus sinn a' cur fàilte airsan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.
Èist rinn, agus sinn a' cuimhneachadh
air do bheannachdan anns na làithean a dh'fhalbh,
agus a' toirt taing gu bheil thu a' dòirteadh do ghràidh bhithbhuain a-nuas oirnne.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, sìor mhairidh do thròcair,
Èist rinn agus sinn a' cur fàilte airsan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.
Èist rinn, an fheadhainn a tha air ar cruinneachadh còmhla nad ainm,
agus an fheadhainn a tha leat fhèin a-mhàin,
oir tha sinn a' togail ar guth agus a' seinn: *Hosanna!*

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, sìor mhairidh do thròcair,
Èist rinn agus sinn a' cur fàilte airsan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.
Èist rinn, agus sinn a' siubhal tron t-seachdain a tha romhainn.
Deònaich dhuinn comhfhurtachd làthaireachd an Aoin a thèid romhainn, fiù 's dhan chrann-
ceusaidh fhèin.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, sìor mhairidh do thròcair,
Èist rinn agus sinn a' cur fàilte airsan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.
Èist rinn, agus sinn ag èisteachd ris na guthan ag èigheach "Ceus e!"
Deònaich gum bi fios againn gur ann air ar son a dh'fhuiling e agus a chaidh a cheusadh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, sìor mhairidh do thròcair,
Èist rinn agus sinn a' cur fàilte airsan a tha a' tighinn ann an ainm an Tighearna.
Èist rinn, agus sinn a' feitheamh air beul an latha,
agus buaidh do ghràidh shìoraich air an dorchadas.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Dòmhnall G. Dòmhnallach, Moderàtor, an Eaglais Shaor
- An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)